

Luchd-aithris Òga: Gàidhlig sa Choimhearsnachd

Tha sinn a' toirt cuireadh do sgoilearan a bhith nan luchd-aithris Gàidhlig, a' rannsachadh mar a thathar a' cleachdadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd aca agus a' cruthachadh susbaint chruthachail a tha a' riochdachadh na Gàidhlig san sgìre far a bheil iad a' fuireach.

Stiùireadh

1. Ro-ràdh a' phròiseact

Faodaidh tu innse dha na sgoilearan cho cudromach 's a tha e Gàidhlig fhaicinn agus a cleachdadh san sgìre aca fhèin. Mar eisimpleir:

- Tha a' Ghàidhlig thairis air 1,500 bliadhna a dh'aois agus tha i fhathast ga bruidhinn air feadh na h-Alba.
- Tha mu 69,700 daoine ag ràdh gu bheil sgilean Gàidhlig aca

2. Rannsachadh Ionadail

Brosnaich sgoilearan gus sgrùdadh a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig san sgìre aca – mar eisimpleir tro:

- Ainmean-àite – a' coimhead air mapa agus a' rannsachadh brìgh nan ainmean-àite
- Buidhnean coimhearsnachd – a' lorg chlubaichean, tachartasan, no clasaichean Gàidhlig san sgìre
- Sgoiltean – a' faicinn a bheil Gàidhlig ga teagasg no ga cleachdadh ann an leasan agus gnìomhan
- Meadhanan ionadail – a' sgrùdadh phàipearan-naidheachd, rèidio, no meadhanan sòisealta airson susbaint Gàidhlig
- Ceòl – ag èisteachd ri luchd-ciùil ionadail a sheinneas no a bhios a' dèanamh ceòl sa Ghàidhlig
- Sgeulachdan – a' lorg sgeulachdan ionadail, beul-aithris, no cunntasan eachdraidheil co-cheangailte ris a' Ghàidhlig

3. Cruinnich fianais:

Faodaidh sgoilearan rannsachadh a dhèanamh ann an dòigh sam bith a thogras iad – mar eisimpleir le bhith a' leughadh artaigilean, làraichean-lìn agus aithisgean, no le bhith a' dèanamh agallamhan le luchd-labhairt na Gàidhlig sa choimhearsnachd aca. Dh'fhaodadh agallamhan a bhith nam pàirt de na bhidiothan a chuireas iad a-steach cuideachd.

4. Cruthaich an aithisg:

Tagh aon no barrachd no aon chruth:

- Dealbh le tuairisgeul is tiotal
 - Tog dealbh a tha a' riochdachadh na Gàidhlig nad sgìre.
 - Ann an beagan sheantansan, mìnich carson a tha an dealbh seo a' riochdachadh na Gàidhlig.
 - Thoir tiotal don dealbh agad.
 - Faodar an dealbh agad a dheasachadh agus faodaidh teacsa a bhith ann.

- Pìos Sgrìobhte:
 - Bruidhinn air cò, dè, cuin, càite agus carson a thathar a' cleachdadh na Gàidhlig nad sgìre.
 - Faodaidh tu ro-ràdh, fo-thiotalan agus co-dhùnadh a chur a-steach.
 - Faodar tu dealbhan a chur a-steach

- Bhidio:
 - Seall mar a tha a' Ghàidhlig air a riochdachadh nad sgìre.
 - Smaoinich air cò, dè, cuin, càite agus carson.
 - Dh'fhaodadh tu am bhidio agad a phlanadh a' cleachdadh bòrd-sgeòil.

Goireasan

Gu h-ìosal, gheibh sibh goireasan a bharrachd gus ur cuideachadh le rannsachadh agus le bhith a' lorg Gàidhlig san sgìre agaibh. 'S urrainn dhuibh pìos sgrìobhte, dealbh no am bhidio agad a chur a-steach do cho-fharpais Luchd-aithris Òga airson na h-Àrainneachd, agus am bhidio agad a chur a-steach do cho-fharpais FilmG.

Eisimpleirean agus Teamlaid:

- Eisimpleir de dh'Agallamh agus Pìos Sgrìobhte:
<https://www.KeepScotlandBeautiful.org/media/nl2bkdtz/example-gaelic-interviewdot-1.pdf>
- Eisimpleir de Phìos Sgrìobhte gun Agallamh:
<https://www.KeepScotlandBeautiful.org/media/amdpncyg/example-gaelic-article.pdf>
- Teamlaid Rannsachaidh airson an Lìonadh (chan eil seo riatanach):
<https://www.KeepScotlandBeautiful.org/media/rn0bqgbq/investigation-template-gaelic.pdf>
- Eisimpleir de Bhòrd-sgeòil airson Bhidio:
<https://www.KeepScotlandBeautiful.org/media/4kviut2i/gaelic-storyboard-for-video-example.pdf>
- Eisimpleir de dh'Inntrigeadh Dealbh:
<https://www.KeepScotlandBeautiful.org/media/rimnapau/campaign-photo-example-1.pdf>

Goireasan eile:

- Mapa de dh'Ionadan Gàidhlig ann an Alba:
<https://www.google.com/maps/d/viewer?mid=1BQ9IQvHepNLFs8rBREHEtDtAb2Q3DOM&ll=55.87139120000001%2C-4.301306199999995&z=8>
- Luchd-aithris Òga airson na h-Àrainneachd: <https://www.KeepScotlandBeautiful.org/young-reporters-for-the-environment/>
- FilmG: Farpais Filmichean Goirid airson co-obrachadh:
<https://www.filmg.co.uk/information/?lang=en>
- Faclair LearnGaelic airson fuaimneachadh ceart: <https://learngaelic.scot/dictionary/>